

Litir do Luchd-ionnsachaidh

le Ruairidh MacIlleathain

Taigh-eiridinn a' Chinn a Tuath (1)

Each week the West Highland Free Press publishes the text for Ruairidh's "Letter to Gaelic Learners" on BBC Radio nan Gàidheal (103.5-105 FM). Broadcasts are as follows: 2:55pm on Sunday as part of BBC Radio nan Gàidheal's hour-long learning zone, following the Gaelic Learners' programme 'SpeakGaelic Extra', with a repeat at 10.30 pm on Wednesday. This is Litir 1,297. There is also a simpler version – An Litir Bheag – which is broadcast at 2:30pm each Sunday. Litir Bheag 993 corresponds to Litir 1,297. The Litir is also available at www.bbc.co.uk/litir and www.learnghaelic.scot/litir. Ruairidh can be contacted at fios@learnghaelic.scot.

Tha **naoi fichead bliadhna** air a dhol seachad on a dh'fhosgail Taigh-eiridinn a' Chinn a Tuath – *The Royal Northern Infirmary* – ann an Inbhir Nis. Tha an togalach, air bruach Abhainn Nis car faisg air Taigh-cluiche Eden Court.

Eadhon ged nach eil an togalach air a bhith na ospadal airson còrr math is fichead bliadhna, tha drochaid do luchd-coiseachd faisg air làimh a tha ainmichte mar 'Drochaid an Taigh-eiridinn' no 'Drochaid na h-Infirmary'.

Aig deireadh an ochdamh linn deug, bha uaislean is bàillidhean Inbhir Nis dhen bheachd gun robh am baile airidh air ospadal mòr. Bha am Pròbhaist, Uilleam Inglis, gu mòr air a chùlaibh. Chuir e fhèin is feadhainn eile fios a-mach, ag iarraidh air daoine beartach airgead a thoirt seachad. Tuigidh sibh nach robh an sporan poblach ro mhòr aig an àm sin. Cha robh siostam slàinte poblach ann.

Ach cò às a thàinig an t-airgead? Uill, seo an rud. Mar a bha cumanta gu leòr aig an àm sin, **air Ghàidhealtachd agus air Ghalltachd**, thàinig cuid mhath dhen airgead o Albannaich anns na h-Innseachan an Iar. Is cinnteach gun robh feadhainn dhiubh a' dèanamh phrothaidean à tràilleachd. Tha eachdraidh fhille againn agus chan eil i uile-gu-lèir glan. Thàinig cnap math airgid cuideachd o dhaoine a bha ag obair às leth Arm Bhreatainn thall ann am Bengal agus Canada.

Bhathar an dòchas crìoch a chur air an taigh-eiridinn ann an ochd ceud deug 's a h-aon (1801). Ach thàinig dàil air a' chùis. Bhathar a' coireachadh àrdachadh ann am prìsean tuarastail agus bun-stuth togail. Chan eil càil às ùr fon ghrèin!

Cha b' e sin a-mhàin ach chaochail am Pròbhaist. Chuir sin dàil eile air a' chùis. Dh'fhosgail an taigh-eiridinn anns a' Chèitean ochd ceud deug 's a ceithir (1804). Thuirt na h-ùghdarrasan gum biodh àiteachan ann airson seasgad euslainteach agus suas ri fichead duine a bha a' fulang le tinneas-inntinn.

Ma thèid sibh air beulaibh doras mòr an togalaich, chì sibh pleit gu h-àrd le sgrìobhadh snaighte oirre. Ach tha dà mhearachd oirre. Tha i ag ràdh gun deach an togalach fhosgladh ann an ochd ceud deug 's a trì (1803) agus gun robh Uilleam Inglis na phròbhaist aig an àm. Ach chaochail Mgr Inglis bochd ann an ochd ceud deug 's a h-aon (1801).

B' i a' chiad euslainteach Ealasaid Rothach à Siorrachd Rois. Bha a glùn air a dhol a dh'at. Fhad 's a bha i san ospadal, thàinig cuideigin a-steach a bha a' fulang leis an fhiabhras-bhallach no *typhus*. Bha dìreach aon tè-eiridinn ag obair san ospadal

– a bharrachd air an tè-bhrèideach – agus ghabh ise an galar. Nuair a bha Ealasaid Rothach na b' fheàrr, cha deach i dhachaigh. Dh'fhuirich i san ospadal agus dh'obraich i fhèin mar tè-eiridinn gus an robh cothrom ann tè ùr fhasadh.

Bha Taigh-eiridinn a' Chinn a Tuath a' dèiligeadh ri euslaintich à baile Inbhir Nis agus sgìre mhòr mhòr mun chuairt. Tuigidh sibh gun robh ceist ann mun Ghàidhlig. Bha poileasaidh cànanain làidir aig an ospadal agus innsidh mi dhuibh dè bh' ann anns an ath Litir.

* * * * *

Faclan na Litreach: uaislean is bàillidhean: *gentry and baillies [local government leaders]*; Pròbhaist: *Provost*; Bàideanach: *Badenoch*; siostam slàinte poblach: *public health system*; Na h-Innseachan an Iar: *The West Indies*; dàil: *delay*; chaochail: *died*; tinneas-intinn: *mental illness*; Ealasaid Rothach: *Elspet Munro*; euslaintich: *patients*; poileasaidh cànanain: *language policy*.

Abairtean na Litreach: on a dh'fhosgail Taigh-eiridinn a' Chinn a Tuath: *since the (Royal) Northern Infirmary opened*; air bruach Abhainn Nis: *on the bank of the River Ness*; car faisg air Taigh-cluiche Eden Court: *somewhat near Eden Court theatre*; eadhon ged nach eil an togalach air a bhith na ospadal airson còrr math is fichead bliadhna: *even though the building hasn't been a hospital for a good bit more than twenty years*; airidh air ospadal mòr: *worthy of a big hospital*; uill, seo an rud: *well, here's the thing*; gun robh feadhainn dhiubh a' dèanamh phrothaidean à tràilleachd: *that some of them were profiting from slavery*; tha eachdraidh fhillte againn agus chan eil i uile-gu-lèir glan: *we have a complex history and it's not entirely clean*; bhathar an dòchas crìoch a chur air an taigh-eiridinn: *it was hoped to complete the hospital*; bhathar a' coireachadh àrdachadh ann am prìsean tuarastail agus bun-stuth togail: *a rise in the cost of wages and building materials was being blamed*; chan eil càil às ùr fon ghrèin: *there's nothing new under the sun (plus ça change ...)*; chì sibh pleit gu h-àrd le sgrìobhadh snaighte oirre: *you'll see a plaque up high with engraved writing on it*; bha a glùin air a dhol a dh'at: *her knee had become swollen*; bha dìreach aon tè-eiridinn ag obair san ospadal: *there was only one nurse working in the hospital*; a bharrachd air an tè-bhrèideach: *in addition to the matron*; ghabh ise an galar: *she caught the disease*.

Puing-chànain na Litreach: Tha naoi fichead bliadhna air a dhol seachad: *180 years have elapsed. Traditionally, the Gaels would often count in twenties (the vigesimal system) up to 200, and native speakers still do that to some degree. Here are some examples of numbers between 100 and 200: sia fichead '120'; seachd fichead 's a còig '145'; ochd fichead bliadhna 's a trì-deug '173 years'; naoi fichead saighdear 's a' dhà '182 soldiers'.*

Gnàthas-cainnt na Litreach: air Ghàidhealtachd agus air Ghalltachd: *in the Highlands and Lowlands.*

Tha “Litir do Luchd-ionnsachaidh” air a maoinachadh le MG ALBA